



S871/75/11

Cruinn-eòlas

Deit — Neo-iomchaidh

Ùine — 2 uair agus 20 mionaid

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra

Feuch AN DARA CUID Ceist 1 NO Ceist 2

AN UAIRSIN feuch ceistean 3 gu 6.

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra

Feuch na ceistean UILE.

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL— 20 comharra

Feuch a DHÀ sam bith de na leanas.

Ceist 11 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Ceist 12 — Raointean nàdarra

Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail

Ceist 14 — Malairt agus dlùth-chruinneas

Ceist 15 — Turasachd

Ceist 16 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra
Feuch AN DARA CUID ceist 1 NO ceist 2
AN UAIRSIN ceistean 3 gu 6

Ceist 1 — Dealbhan-tìre eighichte

- (a) Dèan sgrùdadh air an earrainn de mhapa an t-Suirbhidh Òrdanais (Cuspair A) de sgìre nam Brecon Beacons.

A' cleachdadadh cliath-fhiosan, **thoir cunntas air an fhianais a tha air a nochdadadh air a' mhapa a tha a' togail bheachd gur e sgìre de shealladh àrd-thalamh eighichte a tha an seo.**

4

- (b) **Mìnich** mar a thèid gleann air chumadh **U** a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a cleachdadadh nad fhreagairt.

4

A-nis feuch ceistean 3 gu 6

Na feuch air ceist 2 ma tha thu a-cheana air ceist 1 a fhreagairt**Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn**

- (a) Dèan sgrùdadh air an earrainn de mhapa an t-Suirbhidh Òrdanais (Cuspair A) de sgìre nam Brecon Beacons.

Thoir cunntas air na feartan fiosaigeach den Afon (Abhainn) Nedd Fechan agus den ghleann aice eadar 905175 agus 900092. Nad fhreagairt bu chòir dhut cliath-fhiosan a chleachdadadh. 4

- (b) **Mìnich** mar a thèid **loch bogha-daimh** a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadadh nad fhreagairt. 4

A-nis feuch ceistean 3 gu 6

Ceist 3

Cuspair C3: Aithris bho uachdaran-fearainn ionadail

“Tha cothrom ann an t-àite seo a chleachdadhean airson diofar chleachdaidhean fearainn, nam measg tuathanachas, coilltearachd, cur-seachadan/turasachd, stòradh/solar uisge, gnìomhachas agus lùth ath-nuadhachail.”

Dèan sgrùdadhean air Cuspair C3 agus air an earrainn de mhapa an t-Suirbhidh Òrdanais (Cuspair A) de sgìre nam Brecon Beacons.


Tagh **dà** chleachdadhean-fearainn eadar-dhealaichte a chaidh ainmeachadh ann an Cuspair C3.

A' cleachdadhean fianais mapa, **mìnich** mar a tha an raon a tha ri fhaicinn air earrann a' mhapa freagarrach airson do roghainn cleachdaidhean-fearainn.

5

Ceist 4

Diagram C4: Clàr sionoptaig, 0800 uairean, 10mh Màrt



Dèan sgrùdadh air Diagram C4.

- (a) Thoir-cunntas, gu mionaideach air na h-eadar-dhealachaidhean anns an aimsir eadar Am Parbh agus Banburaidh aig 0800 uairean air 10mh Màrt.

4

- (b) Aig 0800 uairean air 10mh Màrt tha buidheann de dh'oileanaich àrd-sgoile deiseil airson a dhol air cuairt dha na beanntan faisg air Loch Nis. Às deidh dhaibh clàr na h-aimsir ann an Diagram C4 fhaicinn, cho-dhùin iad aig a' mhionaid mu dheireadh gun a dhol air a' chuairt.


Carson a dh'fhaodadh an t-suidheachadh a bhith mi-iomchaidh airson an turais? Thoir seachad adhbharan.

5

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 5

Diagram C5: Tomadan èadhair a' toirt buaidh air Eileanan Bhreatainn




Thoir sùil air Diagram C5.

Thoir cunntas air mar a bheireadh ùine fhada le tomad èadhair mòr-thìreach troapaigeach as t-samhradh buaidh air daoine ann an Eileanan Bhreatainn.

Ceist 6

Diagram C6: Cleachdaidhean-fearainn roghnaichte



Thoir sùil air Diagram C6.

- (i) Airson raon ainmichte air na rinn thu sgrùdadh, mìnich, gu mionaideach, dòighean anns am faodadh à&à chleachdadhean-fearainn eadar-dhealaichte a bhith an aghaidh a chèile.
- (ii) Mol fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith comasach gus na strìthean sin a rèiteachadh.


5

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra
Feuch na ceistean UILE

Ceist 7

Diagram C7



Dèan sgrùdadh air an earrainn de mhapa an t-Suirbhidh Òrdanais (Cuspair B) de sgìre Bhirmingham agus Diagram C7 gu h-àrd.

- (a) Thoir fianais mapa seachad gus sealltainn gu bheil pàirt de Sgìre Gníomhachais a' Mheadhain (CBD) ann am Birmingham ri fhaighinn ann an ceàrnag-clèithe 0786. 3

- (b) Lorg Sgìre X air Diagram C7 agus air earrann a' mhapa (Cuspair B).

Tha port-adhair Bhirmingham, raon goilf, pàirc gníomhachais agus sgìre taigheadais air an lorg ann an Sgìre X de iomall dùthchail/bailteil Bhirmingham. A' cleachdadadh fianais mapa **mìnich** carson a tha an leithid de leasachaidhean air an lorg an sin. 5

- (c) Tha triùir chloinn òga anns an teaghlaich Ruiséalach agus tha an teaghlaich a' ceannach taigh ann am Birmingham. Tha iad air an cuid sgrùdaidh a chuingealachadh ri dà sgìre den bhaile-mhòir — Sgìre Y (Balsall Heath agus Sparkbrook) no Sgìre Z (Highter's Heath agus Drake's Cross).

Dè an agìre, Y no Z, a bu chòir dhaibh a thaghadh? A' cleachdadadh **fianais mapa mionaideach, thoir seachad adhbharan** gus taic a thoirt don sgìre roghnaichte agad. 6

Ceist 8

Diagram C8: Leasachaidhean ann an tuathanachas




Thoir sùil air Diagram C8.

Mìnich mar a tha leasachaidhean àiteachais o chionn ghoirid ann an dùthchannan fo
leasachadh a' cuideachadh tuathanach.

4

[Tionndaidh an duilleag

Diagram C9: Modal trasnaidh deamografaich



Thoir sùil air Diagram C9.

Tha atharrachadh mòr air a thigheann ann an àireamh-sluagh cuid de dhùthchannan leithid na Rìoghachd Aonaichte, mar a chithear ann an Diagram C9.

Mìnich carson a thachair an t-atharrachadh sluaigh seo. Feumaidh tu iomradh a thoirt air cùisean a tha a' toirt buaidh air reataichean breith is bàis ann an ìrean 2, 3 agus 4 de Diagram C9.

6

Ceist 10

Clàr C10: Taisbeanairean leasachaiddh roghnaichte

Dùthaich	Dùil-aoise (bliadhnaichean)	Cothrom air uisge òil sàbhailte (%)	Reata litearrachd (%)	% den fheadh-obrach a tha ag obair ann an àiteachas
Bolivia	69	90	96	32
Chad	50	51	40	80
An Fhionnlann	81	100	100	4
Mali	56	77	39	80
An Òlaind	81	100	100	2
Uganda	55	79	78	40

Dèan sgrùdadh air Clàr C10.

Tagh a dhà de na taisbeanairean leasachaiddh a tha ri fhaicinn.

Airson na dhà a thagh thu, mìnich, gu mionaideach, carson a tha iad feumail ann a bhith a' cuideachadh a' sealltainn iù leasachaiddh na dùthcha.


6

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharra
Feuch DÀ cheist sam bith

Ceist 11 — Atharrachaidhean gnàth-shìde	(duilleag 10)
Ceist 12 — Sgìrean nàdarrach	(duilleag 11)
Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail	(duilleag 12)
Ceist 14 — Malairt agus dlùth-chruinneas	(duilleag 14)
Ceist 15 — Turasachd	(duilleag 15)
Ceist 16 — Slàinte	(duilleag 16)

Ceist 11 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Diagram C11: Sgìre deighe na Mara Artach (1979–2013)



Dèan sgrùdadh air Diagram C11.


- (a) Thoir cunntas, gu mionaideach, air na h-atharrachaidhean ann an sgìre deighe na Mara Artach. 4

- (b) Tha leaghadh deigh mara mar aon bhuaidh de atharrachadh gnàth-shìde.

Mìnich cuid de na buaidhean eile a tha aig atharrachaidhean gnàth-shìde. 6

Ceist 12 — Sgìrean nàdarra

Diagram C12: Reataichean dì-coillteachaidh o chionn ghoirid air feadh na cruinne



- (a) Dèan sgrùdadh air Diagram C12.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air reataichean dì-coillteachaidh air feadh na cruinne.

4


- (b) **Mìnich** na ro-innleachdan stiùiridh a dh'fhaodar a chleachdadh gus buaidh gniomhachd daonna anns an tundra a lùghdachadh.

6

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail

Diagram C13A: Àireamh sprèadhadh bholcànoch gach deichead 1910–2010



- (a) Dèan sgrùdadadh air Diagram C13A.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air na h-atharrachaidhean anns an àireamh de sprèadhaidhean bholcànoch eadar 1910–2010.

Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail (a' leantainn)

Cuspair C13B: Bholcàna Pico de Fogo, An Ceap Uaine



LiveImages / Shutterstock.com

Às dèidh faisg air 20 bliadhna gun għluasad, dhùisg am Pico de Fogo le sprèadhadh beinne-teine garbh air 23 Samhain 2014.


(b) Thoir sùil air Cuspair C13B.

A thaobh sprèadhadh beinne-teine air na rinn thu sgrùdad, **mìnich, gu mionaideach**, a' bhuaidh a bha aig an sprèadhadh air daoine agus air an dealbh-tière.

6

[Tionndaidh an duilleag

Diagram C14A: Às-bhathar na cruinne a rèir roinn



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C14A.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air na h-atharrachaidhean ann an às-bhathar na cruinne eadar 2005 is 2010.

4

Cuspair C14B: A' togail phònairean cofaidh Fairtrade




(b) Thoir sùil air Cuspair C14B.

Mìnich mar a bhios ceannach stuthan Fairtrade a' cuideachadh dhaoine anns an t-saoghal fo leasachadh.

6

**Diagram C15A: Na priomh deich cinn-uidhe turasachd san t-saoghal
(milleanan de luchd-turais gach bliadhna)**



- (a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air farsaingeachd nan deich chinn-uidhe turasachd as àirde san t-saoghal.

4

Cuspair C15B — Mòr-thurasachd air tràigh Eadailteach



jan kränen donk/shutterstock.com


- (b) Thoir sùil air Cuspair C15B.

Thoir cunntas air buaidhean mòr-thurasachd air daoine agus air an àrainneachd.

6

Ceist 16 — Slàinte

**Diagram C16: Cùisean Ebola ann an dùthchannan roghnaichte
an Afraga Giblean-Dàmhair 2014**



- (a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air na h-atharrachaidhean ann an cùisean Ebola anns na trì dùthchannan ainmichte de dh'Afraga. 4

- (b) **Mìnich** na h-adhbharan airson aon chuid tinneas cridhe no aillse no a' chuing. 6

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR EISIMPLEIR]

Acknowledgement of copyright

Diagram C13B – LivetImages/shutterstock.com

Diagram C14B – Image is reproduced by kind permission of the Fairtrade Foundation.
© David Macharia.

Diagram C15B – jan krankendonk/shutterstock.com